



Sgoil Dhalabroig

Ar Lèirsinn, Ar Luachan agus Ar n-Amasan

'Mise - toilichte annam fhèin agus misneachail!'

Tha sinn ag amas air coimhearsnachd sgoile a chruthachadh a tha na àite far am bidh daoine toilichte, cùramach ri chèile agus far am bidh sinn a' strì gus ar làn-chomais phearsanta a choileanadh.

Gliocas:

- A bhith a' leasachadh sgilean agus eòlas iomchaidh gus ar làn-chomais a choileanadh, a' solarachadh ionnsachadh aig àrd ìre, a bhios a' cur dùbhlann ro sgoilearan agus a bhios gam brosnachadh.
- A bhith a' toirt misneachd dhà chèile a bhith a' creidsinn anns na comasan a th' againn gu bhith ag ionnsachadh ann an dòigh chruthachail le beachdan ùra.

Earbsachd:

- A bhith a' leasachadh ar comas gu bhith a' sealltainn urram dhuinn fhèindha chèile agus dhan t-saoghal mun cuairt oirnn.
- Gus am bi sgoil againn far a bheil dleastanasan agus cothromachd gan neartachadh, agus gum bi sinn a' cur prìomhachas air fìrinneachd agus earbsa.

Dualchas:

- Tro chultar luachmhor na Gàidhlig, broснаichear a' Ghàidhlig anns gach pàirt de dh'obair na sgoile, a' togail air ar n-eòlais, ar tuigse agus ar coimhearsnachd.

Slàinte:

- A bhith a' cruthachadh àrainneachd mhisneachail, shàbhailte, thèarainte le taic do luchd-ionnsachaidh gus dòigh beatha slàn, fallain a thoirt gu buil.
- A bhith a' cur luach air ionnsachadh fad beatha, ga bhrosnachadh ann an coimhearsnachd na sgoile agus ag obair an compàirteachas le teaghlaichean, ar coimhearsnachd agus buidhnean eile gus ionnsachadh brìghmhor, tlachdmhor a sholarachadh.